

TRUSAICHE PANNAL MHEADHANAN GÀIDHLIG NA h-ALBA

Tuarastal	A rèir sgilean agus eòlas
Àite	Stèidhichte san dachaigh, bidh beagan siubhail a dhìth
Seòrsa dreuchd	Maireannach, pàirt-ùine
Uairean obrach	Sùbailte, a rèir an tagraiche (mu 17.5 uair a thìde san t-seachdain)
Ceann-là tòiseachaidh	Cho luath 's a ghabhas

A bheil Gàidhlig fhileanta agad? A bheil ceanglaichean làidir agad leis a' choimhearsnachd Ghàidhlig ann an Alba?
A bheil ùidh agad ann an TBh agus na meadhanan?

Ma tha, dèan tagradh airson a bhith ann an sgioba TRP Research. Tha sinn ag obair le companaidhean mheadhanan air feadh na RA agus Èirinn gus fiosrachadh a thionail mu chleachdaidhean amhairc tro shuirbhidhean seachdaineach is làitheil. Tha an dreuchd seo anns an sgioba a tha a' ruith [Survey PRAEG](#) (Pannal Rannsachaidh Amhairc is Èisteachd na Gàidhlig) às leth MG ALBA, agus bheir e cothrom don tagraiche shoirbheachail air measgachadh de thrusadh rannsachaidh agus altan conaltraidh.

TUAIRISGEUL DREUCHD

Tha sinn a' sireadh Trusaiche Pannail le ceanglaichean làidir pearsanta le cànan agus coimhearsnachd na Gàidhlig ann an Alba. San dreuchd seo, bidh agad ri obair gu neo-eisimeileach agus mar sin tha sgilean eagrachaidh dearbhte deatamach, agus ìrean àrda de dhìoghras is dìcheall. Aig teis meadhain na h-obrach seo, tha an riatanas air conaltradh ri pannalaichean làithreach agus a tha san amharc, mar sin feumaidh tu a bhith deònach ruighinn a-mach gu measgachadh farsaing de dhaoine, aghaidh ri aghaidh (a rèir bacaidhean a' choròna-bhìorais), air-loidhne no air a' fòn. On a dh'fheumas tu mineachadh mar a tha am pannal ag obair agus daoine a bhrosnachadh gu com-pàirteachadh, tha conaltradh soilleir tarraingeach sgrìobhte agus labhairte deatamach (ann an Gàidhlig agus Beurla), mar a tha cuideachd eòlas air conaltradh ri daoine air na meadhanan sòisealta. Bidh tu nad phàirt de sgioba nas fharsaing agus mar sin bidh cothrom agad do bheachdan a dheasbad le càch a bheir taic dhut nad obair, ach mar an t-aon neach-labhairt Gàidhlig san sgioba bidh agad ri stiùir a ghabhail air gnìomhachdan sònraichte coimhearsnachd uile.

San dreuchd seo, bidh tu:

- Trusadh buill den phoball gu com-pàirteachadh nar suirbhidhean seachdaineach air BBC ALBA agus Radio nan Gàidheal
- Leasachadh dhòighean ùr-ghnàthach air conaltradh ri buidhnean coimhearsnachd agus pannalaichean san amharc, gus com-pàirteachadh a stiùireadh
- Dèanamh cinnteach gu bheil targaidean trusaidh air an coileanadh a thaobh àireamhachd sluaigh nach eil cho àrd 's a bu chòir
- Cruthachadh puist mheadhanan sòisealta agus stiùireadh dhuilleagan Facebook is Instagram na suirbhidh
- Sgrùdadh nan tionndaidhean Gàidhlig de na suirbhidhean seachdaineach airson mionaideachd agus ath-sgrùdadh bheachdan Gàidhlig nan com-pàirtichean
- Ag obair le ar com-pàirtichean carthannais gus am pannal adhartachadh agus pannalaichean ùra a thrusadh
- Freagairt cheistean phannalaichean
- Frithealadh choinneamhan luchd-dèiligidh an-dràsta 's a-rithist

Bidh tu a' tighinn a-steach do sgioba mhòr, còmhla ri feadhainn eile aig a bheil dreuchdan trusaiche den aon seòrsa. Tha an còrr den sgioba stèidhichte ann an Somerset, Sasann agus a' Chuimrigh. Bidh ceangal làitheil agad ris an sgioba agus bidh comas agad air taic fhaotainn mar a bhios feum agad air tron latha obrach. Gheibh thu làn trèanadh agus bidh ar pròiseas Sgeama Leasachaidh is Stiùiridh a' toirt taic dhut cuideachd nad dhreuchd aig TRP Research.

Tha sinn a' sireadh neach a tha/aig a bheil:

- Fileanta ann an Gàidhlig na h-Alba (sgrìobhte agus labhairte)
- Ceanglaichean làidir le agus eòlas air a' choimhearsnachd Ghàidhlig, gu h-àraid sa Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan
- Eolas air conaltradh coimhearsnachd
- Eòlas air margaideachd air meadhanan sòisealta agus air-loidhne
- Gu barrail le eòlas air rannsachadh margaid
- Eòlas air cleachdadh Microsoft Office Suite, gu h-àraid Outlook, Excel, Powerpoint
- Làn chead dràibhidh agus cothrom air a c(h)òmhail fhèin
- Gu barrail le eòlas air GDPR, ach mura h-eil, faodar trèanadh fhaotainn

FEARTAN

Tha sinn a' sireadh cuideigin a tha / aig a bheil:

- Dàimheil, tarraingeach agus dìoghrasach
- Sgilean làidir dhaoine is lìonraidhidh
- Na neach-conaltraidh soilleir ann am Beurla agus Gàidhlig na h-Alba
- Na neach-conaltraidh misneachail air a' fòn, a thuilleadh air gu pearsanta
- Eagraichte agus comasach air obair gu neo-eisimeileach agus taobh a-staigh sgioba

CARSON TRP RESEARCH?

Tha TRP Research Ltd na sholaraidhe neo-eisimeileach air tomhas, aithris agus anailis mheadhanan. Tha sinn ag obair le craoladairean, luchd-dèanamh phrògraman, luchd-sgaoilidh, roinnean riaghaltais, buidhnean gnìomhachais is eile.



Cuidichidh ar Sgeama Leasachaidh air an taobh a-staigh le do leasachadh a chumadh taobh a-staigh TRP Research agus bheir e dhut slighe air a cumadh a dh'ionnsaigh adhartas.



Bidh tu airidh air 22.5 latha dheth còmhla ri saor-làithean banca, agus bidh d' airidheachd bunasach a' meudachadh leis gach bliadhna seirbheis.



An dèidh crìoch shoirbheachail air ùine pròbhaidh de 3 mìosan, bidh tu airidh air Àrachas Cùram-slàinte agus Siubhal.

MODH TAGRAIDH

Airson tagradh a dhèanamh, feumaidh tu [foirm tagraidh](http://www.trpresearch.com/careers-ops/) a lìonadh, a gheibhear aig www.trpresearch.com/careers-ops/. Chan eil sinn a' gabhail ri CVan. Cuir a-steach litir còmhdaich sgrìobhte ann an Gàidhlig, a' mìneachadh carson a tha ùidh agad san dreuchd seo. Bu chòir don seo a bhith a' gabhail a-steach an fhiosrachaidh a bheir thu seachad ann am Beurla san earrann fiosrachaidh taic den fhoirm tagraidh.

Cliog air a' cheangal “Dèan tagradh an-dràsta” air ar duilleag dhreuchdan airson foirm tagraidh air a lìonadh a chur thugainn, no cuir post-d gu Rosalie aig careers@trpresearch.com. Thoir an aire, mar thoradh air Covid-19, gu bheil sinn gu làithreach a' ruith ar n-agallamhan uile air a' fòn agus tro ghairmean bhidio.

Ceann-là deireannach airson tagraidhean air **Dihaoine 30^{mh} Dàmhair**. Is e fastaiche co-ionannachd chothroman a th' ann an TRP Research Ltd.

